

MG

ALBA

PASGAN FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SGILEAN & EÒLAS	7
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	8

Facal bhon Àrd-Oifigear...


Tha beàrn-obrach againn airson Cruthadair (Dealbhaiche Grafaig) a thighinn còmhla ris an sgioba againn ann an Steòrnabhagh no Glaschu. Mar Chruthadair, bidh uallach oirbh stuthan tarraingeach lèirsinneach agus ealanta a chruthachadh airson gach branda aig MG ALBA fhad 's aig an aon àm a' cumail ri dearbh-aithne brannda cunbhalach agus a' dèanamh cinnteach gum bi conaltradh ealanta àrd-inbhe thar ioma-sheanail.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thighinn còmhla rinn fhad 's a tha a' bhuidheann againn a' dol tro chruth-atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh a tha ag atharrachadh gu luath.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dìleab a chruthachadh don luchd-ùidh againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



Domhnall Caimbeul
28/01/25

AR SAOGHAL



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathais

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach



Cruthadair (Dealbhaiche Grafaig)

Tìotal-obrach	Cruthadair (Dealbhaiche Grafaig)	Ìre	C1	Uairean seachdaineil	22
---------------	----------------------------------	-----	----	----------------------	----

Àite

Steòrnabhagh no Glaschu

Adhbhar

A bhith a' cruthachadh stuthan tarraingeach lèirsinneach agus ealanta airson gach brandd aig MG ALBA fhad 's aig an aon àm a' cumail ri dearbh-aithne branda cunbhalach agus a' dèanamh cinnteach gum bi conaltradh ealanta àrd-inbhe thar ioma-sheanail.

Cunntachail gu

Ceannard Didseatach

Ag obair le

In-taigh – Sgioba Margaidheachd agus Didseatach, Sgioba conaltradh, Sgioba comiseanaidh
A-muigh – Solaraichean bhon taobh a-muigh, co-obraichean a' BhBC

Amasan

- Stiùir dealbhadh susbaint tarraingeach a tha a rèir agus a' toirt air adhart amasan brandaidh, margaidheachd is conaltraidh MG ALBA thar gach brandd luchd-amhairc agus corporra.
- Dealbhaich agus stiùirich raon farsaing de stuthan lèirsinneach, a' gabhail a-steach grafaigean meadhanan sòisealta, maoin làrach-lìn, stuthan sanasachd, agus sgrìobhainnean conaltraidh corporra (leithid teamplaidean taisbeanaidh agus aithisgean), a' dèanamh cinnteach à co-leanailteachd agus cumail ri inbhean branda thar a h-uile ùrlar.
- Cumail suas agus àrdaich dearbh-aithne brandd MG ALBA, a' cleachdadh stiùiridhean branda agus inbhean lèirsinneach gu cunbhalach thar gach toradh dealbhaidh gus aithne branda agus earbsa a dhaingeachadh.
- Stiùirich gu fèin-obrachail grunn phròiseactan dealbhaidh, a' dèanamh cinnteach à libhrigeadh àrd-chàileachdail ann an deagh àm a tha a' coinneachadh no a' dol thairis air dùilean branda is luchd-amhairc.
- Dèan cinnteach gu bheil stuthan lèirsinneach ann airson diofar ùrlaran agus luchd-amhairc, a' cleachdadh lèirsinn gus cruth a thoirt air susbaint a tha a' freagairt air agus a' stiùireadh conaltradh.
- Obraich còmhla ri sgiobaidhean meadhanan sòisealta, margaidheachd, agus susbaint gus dealbhan lèirsinneach a bhun-bheachdachadh agus a chuir an gnìomh airson iomairtean didseatach, cnuasachadh agus cur ri beachdan ùra gus amasan lèirsinneach is ro-innleachdail a cho-thaobhadh.
- Bidh aig fìor thoiseach treandan ann an didseatach agus dealbhadh, a' cleachdadh an eòlais seo gus susbaint ùr-ghnàthach agus cleachdaidhean dealbhaidh a stiùireadh thar ùrlaran MG ALBA.
- Gabh seilbh air pròiseactan dealbhaidh mòra, leithid taisbeanaidhean agus iomairtean ath-bhrandaidh, a'

stìùireadh ghnòthaichean lèirsinneach agus a' co-òrdanachadh le ioma luchd-ùidh gus toraidhean buadhach a choileanadh

- Co-obrach le com-pàirtichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh gus taisbeanaidhean làidir, stuthan taisbeanaidh, agus stuthan ealain airson tachartasan a chruthachadh a bheir taic do chonaltradh corporra ro-innleachdail.
- Ag ùrachadh agus a' leudachadh ìomhaigh chorporra MG ALBA, a' dèanamh cinnteach gu bheil e gnàthach, sònraichte agus tarraingeach.

Prìomh Thoraidhean

- Brosnaich barrachd mothachaidh agus aithne air brandd tro dhealbhan lèirsinneach cunbhalach, buadhach a chuireas ri amasan ro-innleachdail iomlan MG ALBA.
- Cruthaich ìomhaighean tarraingeach airson susbaint BBC ALBA air an iPlayer agus maoin mheadhanan sòisealta a chuireas gu mòr ri meatrach conaltraidh thar ùrlaran.
- A' stiùireadh agus a' libhrigeadh phròiseactan cruthachail eadar-dhealaichte a tha a' coileanadh no a' dol thairis air amasan, a' nochdadh ìrean àrda de chruthachalachd agus stiùireadh pròiseict.
- Leasaich dearbh-aithne lèirsinneach co-leanailteach, ro-innleachdail thar gach brandd aig MG ALBA.
- Ag àrach cultar de ùr-ghnàthachadh agus cruthachalachd taobh a-staigh nan sgiobaidhean margaidheachd is didseatach, a' brosnachadh dòighean-obrach agus fuasglaidhean ùra.

Prìomh Ghniomhan

- Cruthachadh dhealbhan làidir a tha a' gabhail a-steach luachan branda MG ALBA, a' libhrigeadh ìomhaighean àrd-inbhe gu cunbhalach airson BBC ALBA agus maoin ro-innleachdail airson branddan MG ALBA eile agus diofar ùrlaran.
- Comharraich gu for-ghnìomhach cothroman gus brandd àrdachadh tro aithris sgeulachdan lèirsinneach nas fheàrr agus ùr-ghnàthachadh cruthachail.
- Obraich gu dlùth le sgiobaidhean margaidheachd is susbaint gus dèanamh cinnteach gu bheil gach dealbhadh lèirsinneach a' nochdadh agus a' toirt taic do dh'amasan branda is gnìomhachais nas fharsainge.
- Thoir a-steach treandan dealbhaidh, dòighean agus teicneòlasan ùra gus susbaint lèirsinneach MG ALBA a neartachadh agus conaltradh luchd-amhairc a leasachadh.
- Leasaich bun-bheachdan cruthachail airson pròiseactan mòra leithid taisbeanaidhean agus tachartasan bhranda, a' toirt seachad stiùireadh agus a bhith os-cionn ghnòthaichean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir lèirsinn branda MG ALBA.
- Cum suas ri atharrachaidhean sa ghniomhachas agus treandan luchd-amhairc gus dèanamh cinnteach gu bheil susbaint MG ALBA fhathast buntainneach agus farpaiseach taobh a-staigh cruth-fìre didseatach a tha ag atharrachadh aig astar luath.
- Stèidhich dàimhean obrach làidir le co-obraichean MG ALBA, com-pàirtichean BBC, agus solaraichean bhon taobh a-muigh,

a' dèanamh cinnteach à co-obrachadh agus libhrigeadh susbaint èifeachdach.

- Cumail sùil agus mion-sgrùdadh air meatraigs dèanadais airson susbaint lèirsinneach, a' cleachdadh dàta gus toradh cruthachail ùrachadh agus àrdachadh.
- Com-pàirtiche le sgiobaidhean bhon taobh a-staigh gus dearbh-aithne brannda MG ALBA ùrachadh, a cho-thaobhadh ri amasan ro-innleachdail a' bhrannnd.
- Dèan cinnteach gu bheil gach toradh dealbhaidh a' nochdadh agus a' cumail ri feumalachdan na Gàidhlig, a' cur ri dealas MG ALBA a thaobh riochdachadh cultarail.
- Thoir seachad lèirsinn agus stiùireadh do phròiseactan dealbhachaidh MG ALBA, a' dèanamh cinnteach gun tèid toraidhean cruthachail àrd-inbhe a libhrigeadh a tha a rèir luachan agus inbhean brannda MG ALBA.

Duration: Teirm-shuidhichte 2 bhliadhna

Sgilean agus Eòlas

	Riatanach	Miannaichte
Teisteanasan / eòlas	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas dearbhte ann a bhith a' libhrigeadh phròiseactan lèirsinneach cruthachail thar iomadh ùrlar. Eòlas ann an dealbhadh grafaigeach no dreuchdan cruthachail taobh a-staigh àrainneachd mheadhanan no craolaidh Eòlas air a bhith ag obair gu neo-eisimeileach, a' stiùireadh grunn phròiseactan, agus a' libhrigeadh taobh a-staigh cinn-ama stèidhichte. Comas ann an Adobe Creative Cloud (Photoshop, Illustrator, InDesign, Premiere Pro, msaa) Eòlas le deasachadh iomhaighean 	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas ann an àrainneachd mheadhanan no buidheann Teisteanasan foirmeil ann an Dealbhadh Grafaigeach, Meadhanan Didseatach, no a leithid aig Ìre SCQF 9 no nas àirde Eòlas le deasachadh bhidio
Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas air ùrlaran didseatach agus treandan didseatach Tuigse air dearbh-aithne brannda agus mar a chumas cunbhalachd thar diofar ùrlaran Eòlas air cruthachadh susbaint didseatach, a' gabhail a-steach dealbhadh airson làraich-lìn agus meadhanan sòisealta. Mothachadh air feumalachdan agus giùlan luchd-amhairc thar diofar ùrlaran, innealan, agus susbaint Aire gu mion-fhiosrachadh agus comas obrachadh fo chuideam 	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas air anailis dàta gu ruige cho-dhùnaidhean dealbhaidh. Tuigse air inbhean agus sruthan-obrach gnìomhachas craolaidh
Sgilean	<ul style="list-style-type: none"> Neach-smaoineachaidh cruthachail le comas smuaintean a thionndadh gu dealbhadh buadhach. Sàr sgilean sgrìobhaidh agus conaltraidh. Sgilean eadar-phearsanta làidir agus an comas dàimhean a thogail thar sgiobaidhean. Comas beachdan ùr-ghnàthach a chur an cèill tro sheiseanan conaltraidh. For-ghnìomhach, le dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh planadh agus prìomhachasadh A bhith tuigseach air dòighean cleachdaidh luchd-amhairc. 	<ul style="list-style-type: none"> Tuigse air ro-innleachdan fàis didseatach airson pròiseactan meadhanan cruthachail

	<ul style="list-style-type: none"> • Aire làidir do mhion-fhiosrachadh, gu sònraichte nuair a bhios tu ag obair fo chuideam. • Comasach air Microsoft Teams a chleachdadh airson co-obrachadh 	
Feumalachdan cànanain	<ul style="list-style-type: none"> • Dealas airson Gàidhlig ionnsachadh agus an ìre comais a tha a dhìth a choileanadh 	<ul style="list-style-type: none"> • Fileanta sa Ghàidhlig
Modhan-giùlain	<ul style="list-style-type: none"> • A bhith gu nàdarach a' cur cheistean, le inntinn rannsachail • A' togail dhàimhean gu furasta agus ag obair gu math ann an sgiobaidhean. • Earbsach, dìcheallach, agus onarach. • Ùidh mhòr ann an conaltradh agus treandan luchd-amhairc. 	

Sanas

Mar ar Cruthadair (Dealbhaiche Grafaig) cruthaichidh sibh stuthan tarraingeach lèirsinneach agus ealanta airson gach brannd aig MG ALBA fhad 's aig an aon àm a' cumail ri dearbh-aithne brannda cunbhalach agus a' dèanamh cinnteach gum bi conaltradh ealanta àrd-inbhe thar ioma-sheanail.

Bidh sibh an cois buidheann aig fìor thoiseach solar nam meadhanan Gàidhlig, a' cumadh agus a' daingneachadh ar tabhartasan san àm ri teachd.

Gus a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh eòlas agaibh roimhe ann an dealbhadh grafaigeach no dreuchdan cruthachail, gu h-àraid taobh a-staigh àrainneachd mheadhanan no craolaidh. Comas dearbhte a bhith ag obair air ur ceann fhèin fhads a' libhrigeadh phròiseactan lèirsinneach air leth thar iomadh ùrlar.

Bidh sibh nar neach-smaoineachaidh cruthachail le nàdar a bhith a' cur cheistean, a thuilleadh air inntinn rannsachail. Bidh an sgiol agaibh airson dàimhean làidir a thogail agus co-obrachadh gu h-èifeachdach le sgiobaidhean.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairan, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnaile agus 6 làithean-poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), A' Cur Luach ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean – **Dihaoine 14 Gearran 2025**, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Feuch an cuir thu do CB, eisimpleirean de ur n-obair agus litir-chòmhdachaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thuigse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

